

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 388. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 84 corresponds to Litir 388.

Bha mi ann an àite an latha eile – ann an Alba – a thug toileachas mòr dhomh. Àite spaideil far an robh coltas ann gu robh clann a’ faighinn deagh oideachadh. Bhruidhinn mi dà chànan fhad ’s a bha mi ann, agus cha robh Beurla nam measg. Bhruidhinn mi Gàidhlig agus Fraingis. Bha mi ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

Thug e ùine, ach tha àrd-sgoil fa leth againn a-nise far a bheil na sgoilearan a’ faighinn mòran dhen teagasg tro Ghàidhlig. ’S e Gàidhlig prìomh chànan na sgoile. Nuair a thàinig clann do dh’oifis na sgoile fhad ’s a bha mi ann, ’s e Gàidhlig a bha iad a’ bruidhinn gu siùbhlach ri muinntir na h-oifis. ’S ann mar sin a bu chòir cùisean a bhith ann am mòran sgoiltean ann an Alba.

Tha seo a’ tachairt ann am baile mòr air a’ Ghalltachd an àite air a’ Ghàidhealtachd. Tha Comhairle Baile Ghlaschu air a bhith deònach an ceum sin a ghabhail, agus mìle meal an naidheachd orra. Bu chòir do chomhairlean eile ann an Alba, gu seachd àraidh anns na h-Eileanan Siar, an eisimpleir a leantainn.

Ach a bheil e annasach gu bheil an leasachadh seo a’ dol air adhart ann am baile mòr? ’S dòcha nach eil e annasach idir. ’S dòcha gu bheil sinn a’ faicinn atharrachadh a’ tighinn air suidheachadh na Gàidhlig a-rithist, agus an cànan a’ dèanamh adhartas anns na bailtean mòra, fhad ’s a tha i a’ crìonadh air an dùthaich. Agus bu chòir dhuinn cuimhneachadh gu bheil na mìltean de luchd na Gàidhlig air a bhith ann an Glaschu bho chionn fhada.

Chan eil Glaschu leis fhèin anns an dòigh sin ann an saoghal farsaing nan Gàidheal. Bha mi a’ leughadh leabhar mu eachdraidh Gàidhlig na h-Èireann ann am Beal Feirste o chionn ghoirid. Bha e inntinneach dhomh gu robh coimhearsnachd de luchd-labhairt a’ chànain anns a’ bhaile sin anns an naoidheamh linn deug. Agus ’s e an aon dualchainnt a bh’ aca.

’S e na *Fadgies* a chainte riutha. Thàinig am facal sin bho Pháidí – an t-ainm *Paddy* anns an tuiseal ghairmeach. Bhuineadh na Gàidheil sin do bhaile beag air bruach Loch Cairlinn, loch mara gu deas air Beal Feirste. ’S e Ó Méith an t-ainm air a’ bhaile. **Chaidh mòran dhiubh a Bheal Feirste a dh’fhuireach** anns na seachdadan is ochdadan dhen naoidheamh linn deug. ’S e luchd-malairt a bh’ annta. Bhiodh iad a’ reic èisg is glasraich is mòran rudan eile. Bha iad a’ fuireach anns an aon sgìre dhen bhaile agus is iongantach mura robh iad a’ labhairt ri chèile ann an Gàidhlig na h-Èireann a’ chuid a bu mhotha dhen ùine.

Chan e mhàin gun robh Gaeilge aca a bha cudromach, ach gu robh an dualchas co-cheangailte ris a’ chànan anns an dùthaich dham buineadh iad gu math làidir. Dh’ionnsaich

Seán Mac Maoláin mòran de a chuid Gaeilge bhuapa, agus rinn esan tòrr airson a' chànan ann am Beal Feirste aig toiseach an fhicheadamh linn.

Chaidh coimhearsnachd nam *Fadgies a chur ma sgaoil* anns na naochadan dhen naoidheamh linn deug, nuair a chaidh Oifis Mhòr a' Phuist a thogail far an robh iad a' fuireach. Agus an-diugh, fhad 's a tha Gàidhlig na h-Èireann a' fàs nas làidire ann am Beal Feirste, tha i an ìre mhath air a dhol a bhith anns a' bhaile bheag on tàinig iad – Ó Méith. Tha mi an dòchas nach bi cuideigin, an ceann leth-cheud bliadhna, a' sgrìobhadh an dearbh rud mu Ghlaschu agus na h-Eileanan Siar.

* * * * *

Faclan na Litreach: spaideil: *smart*; annasach: *unusual*; Loch Cairlinn: *Carlingford Lough*; Ó Méith: *Omeath*; luchd-malairt: *traders*; glasraich: *vegetables*; Oifis Mhòr a' Phuist: *the General Post Office*.

Abairtean na Litreach: a thug toileachas mòr dhomh: *which pleased me greatly*; far an robh coltas ann: *where there was [the] appearance*; deagh oideachadh: *good instruction/education*; fhad 's a bha mi ann: *while I was there*; Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu: *[the new] Glasgow Gaelic School [where students will be able to receive a Gaelic medium education from age 3 to 18]*; gu siùbhlach ri muinntir na h-oifis: *fluently to the office staff*; 's ann mar sin a bu chòir cùisean a bhith: *that is how things should be*; air a' Ghalltachd: *in the Lowlands*; tha Comhairle Baile Ghlaschu air a bhith deònach an ceum sin a ghabhail: *Glasgow City Council has been willing to take that step*; mìle meal an naidheachd orra: *a thousand congratulations to them*; bu chòir do X an eisimpleir a leantainn: *X should follow their example*; agus an cànan a' dèanamh adhartas: *with the language making progress*; fhad 's a tha i a' crìonadh air an dùthaich: *while it is declining in rural areas*; an aon dualchainnt: *the same dialect*; 's e X a chainte riutha: *they were called X*; anns an tuiseal ghairmeach: *in the vocative case*; bhuineadh na Gàidheil sin do: *those Gaels belonged to*; loch mara gu deas air Beal Feirste: *a sea loch to the south of Belfast*; na seachdadan is ochdadan dhen naoidheamh linn deug: *the 1870s and 1880s*; is iongantach mura robh iad a' labhairt ri chèile: *it [would be surprising if they weren't speaking to each other]*; a' chuid a bu mhotha dhen ùine: *most of the time*; chan e mhàin: *not only*; dh'ionnsaich Sean Mac Maoláin mòran de a chuid Gaeilge bhuapa: *Sean Mac Maoláin learned much of his Gaelic*; far an robh iad a' fuireach: *where they were living*; tha i an ìre mhath air a dhol a bhith: *it [fem] has almost gone out of existence*; tha mi an dòchas nach bi cuideigin a' sgrìobhadh an dearbh rud: *I hope that nobody will be writing the same thing*.

Puing-chànain na Litreach: **Chaidh mòran dhiubh a Bheal Feirste a dh'fhuireach:** *many of them went to Belfast to live. I might have said chaidh mòran dhiubh a dh'fhuireach ann am Beal Feirste (many of them went to live in Belfast) but this is another way of effectively saying the same thing. Note that because the town's name follows the preposition "a", it is lenited. You might tend to use this word order to emphasise the place name (so it was not strictly necessary in the Litir) eg chaidh i a Phort Rìgh a dh'fhuireach, chan ann a Ghlaschu – she went to Portree to live, not to Glasgow.*

Gnàths-cainnt na Litreach: **Chaidh** coimhearsnachd nam *Fadgies a chur ma sgaoil*: *the Fadgies' community was dispersed*.

* Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.